

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 12 | 2015 | AN DUBLACHD

Facal Toisich

Dè an rud as tarraingiche a tha ann an seirbheis adhradh sam bith? An rud a tha a' còrdadh ris an darna duine 's dòcha nach eil e cho taitneach do chuideigin eile.

Nuair a thadhlas sinn air eaglais far nach robh sinn riamh roimhe nuair a tha seirbheis air a cumail bidh rudan eadar-dhealaichte ann a thogas ar n-aire. Tha e 'na adhbhar misneachaidh nuair a gheibh sinn fàilte bhlàth aig doras na h-eaglais. Ach gu mì-fhortanach, chan eil sin an còmhnaidh a' tachairt.

'S toigh le mòran eaglais far a bheil tosdachd agus sàmhchair. Ach tha feadhainn eile ann agus tha e 'na chomharradh air càirdeas agus co-chomann nuair a chluinneas iad buill a' choitheanail a' còmhradh mun tòisich an t-adhradh. Aig aon àm cha bhiodh muinntir na coimhearsnachd a' coinneachadh ach air an t-Sàbaid agus bhiodh iad a' gabhail a' chothroim a bhith ag innse mu rudan a bha a' tachairt, a' gabhail naidheachd dhaoine a dh'fhaodadh a bhith meadhanach.

Glè thric 's e an t-seinn a bheir togail don choigreach a thadhlas air eaglais far nach robh iad ag adhradh roimhe seo. Tha eaglaisean ann far nach bi mòran anns an èisdeachd ach tha an t-seinn beothail agus làidir.

Tha na h-ùrnaighean agus an searmon a thig on chùbaid cudthromach, agus chan eil anns a' mhinistear ach aon duine. Tha a h-uile duine anns an eaglais cudthromach agus tha iad mar bhuill den aon teaghlach, teaghlach a' chreidimh, ged a bhios daoine a' smaoinichadh nach eil an creideamh acasan cho làidir agus a dh'fhaodadh e a bhith.

Ge b'e dè na rudan a bhios gar tarraing ann an seirbheis, gheibh sinn beannachd air choireigin le bhith a' tighinn còmhla ann an co-chomann dhaoine eile.

**Le deagh dhùrachd dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Mar as trice 's e eaglaisean far am bi daoine ag adhradh an-diugh a bhios sinn a' sealltainn dhuibh air an duilleig seo. Ach anns an dealbh seo 's e fìor sheann àit'-adharaidh a tha againn. Seo Teampall Mhoire ann am Pabaigh na Hearadh far am biodh seirbheisean air an cumail 's dòcha còig ceud bliadhna air ais. Bliadhnachan mòra air ais chum am Fear-deasachaidh seirbheis-phòsaidh am broinn nam ballachan seo.

Cùil nan Ceist

Anns a' Bhìoball tha grunn bhailtean ann a tha a' tòiseachadh leis an fhacal *Bet*. Tha Betlèhem, am baile far an do rugadh Iosa, air baile cho ainmeil agus a tha ann leis an fhacal, *Bet*. (Tha *Bet* a' ciallachadh "taigh" anns an Eabhra.) An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu bhailtean den t-seòrsa seo anns na Sgrìobtaran. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè an t-ainm a bha air an àite far an robh Eòin a' baisteadh? (Soisgeul Eòin, caibideil 1)
2. Dè an seann ainm a bha air Betel? (Genesis, caibideil 28)
3. Dè an t-ainm a bha air an lochan a bha làimh ri geata nan caorach? (Soisgeul Eòin, caibideil 5)
4. Dè am baile dam buineadh Philip? (Soisgeul Eòin, caibideil 12)

Càirdean – 3

Annas na sgrìobhaidhean seo tha sinn a' smaoinichadh air na tha air a ghabhail a-steach anns an fhacal *caraid*. Ga cho-chur gu h-àraidh ri beatha agus ministrealachd an Tighearna losa Crìosd.

Annas a' Bhioball tha grunn dhaoine ann aig an robh far-ainm. 'S e seòrsa de dh'fhar-ainm a bha ann am *Peadar*, an t-ainm a thug losa air Simon mac Iònais, Peadar: a' charraig, a' chreag.

Thug losa *clann na tàirneanaich* air mic Shebede, Seumas agus Eòin. Feumaidh gu robh iad rud-eigin aithghearr, sradagach, 'nan nàdar, ged a tha fios gun tug càirdeas agus companachas losa buaidh orra. Air a' cheann mu dheireadh 's e a bha ann an Eòin *abstol a' ghràidh*.

Bha ainm aig naimhdean Chrìosd airson an t-Slànaigheir. *Caraid chìr-mhaor agus pheacach*, bhiodh iad a' tilgeil air. Sin an t-ainm a thug iad air losa, agus iad den bheachd gur e adhbhar nàire a bha anns an ainm sin.

Caraid chis-mhaor agus pheacach. Bha an fheadhainn a bha a' cur an aghaidh losa a' smaoinichadh nach b'urrainn dhut rud cho suarach a ràdh mu neach sam bith, ach gu robh e a' gabhail pheacach da ionnsaigh agus ag ithe maille riu.

Bha droch ainm aig na cìs-mhaoir. Bha iad ag obair do na Ròmanaich a bha air an dùthaich a chur fo chis. Bhiodh e air a chur as leth cuid dhiùbh nach robh iad onarach. 'S e a bha ann am peacaich ach na daoine a bu mhiosa a bha anns a' choimhearsnachd.

Ach don chreidmheach chan eil ainm cho glòrmhor ann, gur e losa *Caraid nam Peacach*, oir pheacaich na h-uile agus tha iad air tighinn geàrr air glòir Dhè. Mur eil e 'na charaid do pheacaich, chan eil dòchas ann do neach againn, oir tha na Sgrìobtaran ag ràdh, *Chan eil ionracan ann, chan eil fiù a h-aon*. Ach 'na bheatha agus 'na bhàs dhearbh E gur Esan ar caraid.

Am Moderàtor ann an Loch Abar

An dèidh dhaibh cuairt a chur air clèir Earra Ghàidheal, thadhail am Moderàtor, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan agus a bhean, Marion, air Loch Abar, a tha a' cumail crìche ri Earra Ghàidheal. Fhuair iad fàilte bhlàth anns gach àite air an do thadhail iad agus fhuair iad sealladh math air cor na h-Eaglais agus air beatha an t-sluaigh anns an fharsaingeachd. Tha grunn sgìrean ann an clèir Loch Abar bàn an-dràsda agus bheireadh turas a' Mhoderàtor togail dhaibh-san.



Annas an dealbh seo chì sibh am Moderàtor agus a bhean, Marion, còmhla ris an Urr. Dòmhnall MacCòrcadail, air bàt'-aiseig a' Chorrain agus iad a' dol a chur cuairt air Aird nam Murchan. Chì sibh on dealbh cho taitneach agus a bha an aimsir.

Chuir na Moireasdanaich còig latha seachad anns a' chlàir agus bha clàr trang de thachartasan fan comhair. 'S e an Gearasdan prìomh-bhaile na sgìre agus air an darna latha den turas thadhail

Leabhraichean

Tha an t-Oll. Urr. Iain Bradley air corr is còig deug thar fhichead leabhar a sgrìobhadh air cuspairean a bhuineas do dh'eachdraidh agus do spioradalachd na h-Alba.

Tha ceangal sònraichte aig an ùghdar ri Earra Ghàidheal. Bha a shinn-shinn-shinn seanair 'na mhinistear ann an Diùra eadar 1823 agus 1849. Tha e air a bhith a' searmonachadh ann an coitheanalan anns an t-siorrachd, gu h-àraidh feadhainn a bha gun mhinistear. Ged a rugadh e ann an ceann a deas Shasainn tha e 'na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba agus 'na òraidiche air eachdraidh na h-Eaglais ann an oilthaigh Chill Ribhinn.

Tha Iain Bradley air rannsachadh mòr a dhèanamh air eachdraidh spioradail Earra Ghàidheal anns na linntean a dh'fhalbh a

Argyll

The Making of a Spiritual Landscape

Iain Bradley

(Saint Andrew Press. £25 le còmhach cruaidh. £19.99 le còmhach bog.)

dh'ionnsaigh an latha againn fhèin. Tha e a' tòiseachadh le Calum Cille agus na teachdairean Ceilteach. Tha e a' faighneachd carson a tha spioradalachd Earra Ghàidheal cho beartach agus cho eadar-dhealaichte ri spioradalachd nan ceàrnaidhean eile air taobh siar na h-Alba.

Tha dealbhannan brèagha air feadh an leabhair le eaglaisean agus làraichean eile aig a bheil àite cudthromach ann an eachdraidh spioradail Earra Ghàidheal. Tha fios gun tarraing an leabhar seo luchd-turais chun nan àiteachan a tha air an ainmeachadh. Chan eil fios dè an solas spioradail a gheibh iad le bhith a' tadhal air na làraich sin. Gu cinnteach gheibh luchd-leughaidh teagasg agus toileachadh on leabhar as ùire aig Iain Bradley. Tha fios gum bi fèill air an leabhar air feadh na dùthcha.

iad air gnìomhachasan anns a' bhaile agus chunnaic iad an obair a tha buidhnean saor-thoileach a' dèanamh, leithid *Voluntary Action Lochaber*. Air an oidhche bha cruinneachadh gasda ann nuair a choinnich am Moderàtor ri daoine o choitheanalan Ghleann Garaidh, Chille Chuimein agus Chill Mo Naomhaig,

Mar a thachair ann an Earra Ghàidheal, bha co-chruinneachadh aig a' chlàir Disathairne, agus bha am Moderàtor air fear den luchd-labhairt.

Thadhail am Moderàtor agus a bhean air Ard-sgoil Loch Abar a chaidh a leasachadh as-ùr. Aig an doras chuireadh fàilte orra le iar-cheannard na sgoile, Iseabal NicCoinnich, a bha còmhla ri bean a' Mhoderàtor anns an dearbh sgoil sin nuair a bha iad òg.

Nuair a chaidh am Moderàtor agus a bhean tarsaing air an aiseag gu Aird nam Murchan, thadhail iad air sgoil na sgìre agus ghabh iad biadh còmhla ri buidhinn eadar-eaglaiseil,

Thàinig grunn choitheanalan còmhla ann an eaglais Ghleann Comhainn airson seirbheis thaingealachd an fhoghair. Rinneadh tional aig an t-seirbheis airson obair *Christian Aid*, agus chaidh corr is còig ceud not a thogail. Air oidhche na Sàbaid bha seirbheis ann an eaglais Arasaig. Air ceann an adhradh bha ministear na sgìre, an t-Urr. Eideard Ogston, agus rinn an t-Oll. Moireasdan an searmon,



Gu h-àrd chì sibh na ministearan a bha a' gabhail compàirt anns an adhradh còmhla ris a' Mhoderàtor aig Seirbheis Thaingealachd an Fhoghair, an t-Urr. Anna Winning agus an t-Oll. Urr. Calum Kinneair.

Searmon a' Mhoderàtor

Seo mar a thòisich an searmon a thug an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan aig seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid anns an Oban (far an robh mu dhà cheud anns an èisdeachd.): *'S e seo àm sònraichte anns a bheil sinn air ar toirt còmhla a dhèanamh gàirdeachais anns an t-saidhbhreas a tha againn ann an cànan, ceòl agus dualchas ar dìleib chultarail. Anns an dòigh sin, chaidh ar beannachadh os cionn mhòran eile. 'S e dìleab phrìseil a tha ann, a tha làn-airidh air a bhith air a cuimhneachadh le gàirdeachas. Mar Chrìosdaidhean, ged-tha, tha sinn mothachail cuideachd gur e seo àm anns a bheil e iomchaidh a bhith a' toirt taing, oir tha sinn a' creidsinn, mar a tha an t-Abstol Seumas, gu bheil 'gach uile dheagh thiodhlac iomlan on àirde a' teachd a-nuas o Athair na soillse, maille ris nach eil atharrachadh no sgàile tionndaidh' (Seumas 1:17). Ann an iomadh coitheanal air feadh na dùthcha, thathar a' toirt taing shònraichte an-diugh airson trusadh an fhoghair ann am bliadhna eile agus tha a thaing aig an Fhear a tha 'a' crùnadh na bliadhna le a mhaitheas, agus a cheuman a' sileadh saill.'* (Salm 65:11) Mar sin, tha e iomchaidh a bhith a' beachdachadh airson beagan ùine air cuspair na taingealachd – cuspair a tha follaiseach air feadh nan Sgrìobtar 'oir 's e seo toil Dhè ann an Iosa Crìosd dur taobh. (1 Tesaloniaich 5:18)

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Eisdidh na caoraich ra ghuth." Lorgaidh sinn na faclan sin ann an Soisgeul

Eòin. Tha iad anns an deicheamh caibideil, aig an treas rann. (Eòin 10:3) 'S e Iosa a thubhairt seo. Is Esan Am Buachaille Math. Eisdidh na caoraich ri guth a' Bhuachaille. Tha iad ag aithneachadh a ghuth. Tha guth Dhè a' labhairt rinn ann an iomadh dòigh. Cluinnidh sinn a ghuth anns na rudan a tha a' tachairt nar beatha. Cluinnidh sinn a ghuth nuair a bhios sinn ag èisdeachd ri daoine eile. Cluinnidh sinn a ghuth anns a' Bhìoball. Tha mi an dòchas gun aithnich sinn a ghuth.



An oidhche roimhe dh'atharraich an uair. Chuir sinn na cleacaichean air ais. Bha a' mhadainn na bu

shoilleire. Ach thàinig an dorchadas na bu tràithe. Chan eil e furasda a bhith a' fàs cleachdte ris an uair. Chan eil e furasda dhuinn a bhith a' fàs cleachdte ri rudan ùra. Ach feumaidh sinn aig amannan rudan ùra a ghabhail. Tha sin fìor mun Eaglais mar a tha e fìor mu gach buidheann eile. Ach feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil na rudan ùra feumail agus buannachdail. Tha feum againn air gràs Dhè gu bhith a' tuigsinn nan rudan a tha 'nam beannachd agus na rudan nach eil 'nam beannachd.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha do mhill foighidinn mhath duine riamh." (Good patience never hurt

a man.) Chan eil e furasda a bhith foighidneach. Bidh sinn mì-fhoighidneach ma tha againn ri feitheamh. Ach tha Pòl ag ràdh gu bheil gràdh foighidneach. Sin an seòrsa gràdh a bha aig Iosa. Bha Esan foighidneach ris na deisciobail ged a bha iadsan tric dall agus bodhar. Bha rudan ann nach robh iad a' tuigsinn. Chanadh iad rudan nach robh glic. Bha iad a' dèanamh rudan nach robh ceart. Ach cha do dh'fhàs Esan mì-fhoighidneach riu aig àm sam bith.



Bidh sinn uile a' gearan, tha mi a' creidsinn, nach eil ar cuimhne cho math agus a bha i. Bidh sinn

a' dìochuimhneachadh ainmeannan dhaoine. Bidh sinn a' dìochuimhneachadh gu robh againn ri dhol gu àite air choireigin. Cha bhi cuimhne againn air càit an do dh'fhàg sinn rud-eigin. Chan eil fios agam dè cho math agus a bha cuimhne an t-salmadair. Ach bha rudan ann nach robh e a' dol a dhìochuimhneachadh. Cha dìochuimhnicheadh e gu bràth na beannachdan a thug Dia dha. Tha mi an dòchas nach dìochuimhnic sinn na rudan matha a tha sinn a' faighinn a h-uile latha o làimh Dhè.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Ath-bheothaich d'obair fèin!
Is beannaich d'fhacal naomh!
Gu robh e ann an creideamh beò
A' buadhachadh air daoin'!*

Chaidh an laoidh seo a bhiodh tric air a seinn aig na coinneamhan soisgeulach aig D.L. Moody eadar-theangachadh on Bheurla leis an Urr. Dòmhnall Bell. Chaidh a sgrìobhadh le Albert Midlane (1825-1909), a rugadh ann an 1825, agus a thòisich a' sgrìobhadh dhàn spioradail nuair a bha e seachd deug. Tha e coltach gun do sgrìobh e còig ceud laoidh.

BARDACHD DHUGHAILL BHOCHANAIN

Rinn sinn toileachadh mòr nuair a fhuair sinn leth-bhreac den leabhar ùr, *Laoidhean Spioradail Dhùghaill Bhochanain*. Tha sùil againn sgrùdadh a dhèanamh air an leabhar anns an ath àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig*. Tha fo-thìotal an leabhair ag innse dè a tha eadar-dhealaichte mun leabhar seo – *Deasachadh Ur is Ath-sgrùdadh air Beatha is Saothair a' Bhàird*.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a thog sinn air an duilleig-aghaidh mu àiteachan anns a' Bhìoball a tha a' tòiseachadh leis an fhacal Eabhra *Beth, Bet* ann an Gàidhlig. 1. Betani. 2. Luds. 3. Betesda. 4. Betsaida.

SEIRBHEIS LUNNAINN

Ceithir tursan anns a' bhliadhna tha seirbheis Ghàidhlig ga cumail ann an Eaglais Cùirt a' Chrùin air sràid Russell ann an Lunnainn. Air an treas latha deug den Dùbhlachd tha sùil gur e an t-Urr. Murchadh A. MacLeòid on Eaglais Shaoir Leantainnich ann an Sniosort a bhios air ceann an adhradh.



Ann an 1935 thogadh carragh-cuimhne don sgrìobhadair, Niall Mac an Rothaich. Bho chionn beagan mhìosan chaidh an carragh-cuimhne a choisrigeadh as-ùr an dèidh obair chàraidh. Ann an 1935 rinn an t-Urr. Aonghas Mac Ghille Ghlais, ministear Inbhir Aora, ùrnaigh aig an t-seirbheis-choisrigidh. Bha a mhac,

Gilleasbaig, an-làthair aig an t-seirbheis am bliadhna. Ann an 1935 sheinn an coitheanal rainn às an aona salm thar an t-sia fichead agus an turas seo chaidh na rainn a sheinn a-rithist ann an Gàidhlig, agus Iain MacLeòid, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich, a' togail an fhuinn. Anns an dealbh chì sibh an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid, a bha air ceann na seirbheis, agus air an làimh chli Iain MacLeòid a bha a' togail an fhuinn.

ADHBHAR GAIRE

Bha seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid am bliadhna air a chraobh-sgaoileadh beò. Aig deireadh a' phrògram cha robh e ach trì diogan seachad air an uair. Bliadhnachan mòra air ais bha an t-Urr. Lachlainn MacLeòid, nach maireann, air ceann an adhradh air seirbheis a bha beò. Nuair a bha e pios tron t-searmon chaidh paipear a shìneadh thuige a dh'innse gu robh an ùine a' ruith. Stad Maighistir Lachlainn an teis-meadhan an t-seanchais agus thubhairt e, "Chan eil fios agamsa dè a' Ghàidhlig a tha air BBC mur e *Bhroinein, Bi Cabhagach*."

Urnaigh

A Dhè neo-chaochlaidich,
is Tusa an Tì ceudna, an-diugh, an-dè agus gu sìorraidh.
Aig an àm seo den bhliadhna,
agus sinn a' cumail cuimhne air teachd an t-Slànaigheir,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson gach beannachd a tha againn
a chionn gun tàinig losa a dh'ionnsaigh an t-saoghail.
Moladh dhut gun do dh'fhiosraich Esan
gach nì a bhios sinne a' fiosrachadh,
aoibhneas agus bròn,
solas agus dorchadas,
agus gun do ghiùlain E ar peacaidhean
E fhèin 'na chorp fhèin air a' chrann.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Tha an saoghal air leth maiseach
anns an Dùbhlachd nuair a tha an saoghal
air a chòmhdach le sneachd.
Seo an sealladh a bha aig an Fhear-dheasachaidh
on dachaigh aige anns an Fhuirneis
beagan bhliadhnachan air ais.
(An dealbh: Sine NicLeòid.)